



## Stiùireadh airson geamaichean litreachaidh



**Geamaichean Gàidhlig** – Cleachd na geamaichean seo anns a’ chlas airson obair litreachaidh. Neo dh’fhaodadh iad a dhol dhachaigh airson obair dachaigh. Dh’fhaodadh ceithir a dhol dhachaigh gach seachdain. Tha iad ann an Gaelic agus Beurla airson pàrantan gun Gaelic.

1. **Wordsearch grid** – Cleachd an duilleag-obrach seo anns a’ chlas no airson obair-dachaigh. Cuir na faclan litreachaidh agad dhan chlàr am measg litrichean eile. Iarr air caraid na faclan a lorg.
2. **Snakes and ladders** – Cleachd an geama seo anns a clas airson obair litreachaidh. Sgrìobh na faclan anns a chlàr. Cluich an geama còmhla ri caraid. Ma tha facal anns a cheàrnag agad, feumaidh tu a litreachadh. Air adhart 1 ma tha thu ceart, air ais 1 ma tha thu ceàrr.
3. **Coimhead, còmhdaich, sgrìobh, ceart?** – Cleachd an duilleag-obrach seo anns a’ chlas airson obair litreachaidh. Obraich air na faclan litreachaidh agad.
4. **Longan-litreachaidh** – Cleachd an geama seo anns a’ chlas. Feumaidh tu faclan do charaid a’ lorg. Cuir na faclan litreachaidh agad anns a’ chlàr. Can co-chomharran, mar eisimpleir A5, D2, airson na faclan a lorg. An d’ fhuair thu facal? Lorg na faclan uile airson an geama a bhuannachadh.
5. **Ceangail 4** – Sgrìobh na faclan litreachaidh agad air cairtean. Cuir iad ann am pile. Cluicheadair A – tagh cairt is leugh e. Cluicheadair B – litrich e ceart airson cunntair a chur air a chlàr. Mura h-eil e ceart gheibh cluicheadair A cothrom cunntair a chur air a chlàr. Cluicheadair B – tagh cairt. Faigh ceithir cunntairean ceangailte gus buannachadh.
6. **Croisean agus Cearcaill / Xs & Os** – Sgrìobh na faclan air cairtean. Tagh X no O. Cluicheadair A tog cairt agus leugh e a-mach. Cluicheadair B litrich am facal. Ma tha thu ceart cuir X/O anns a’ chlàr. Gheibh Cluicheadair B cothrom ma tha am facal air a litreachadh ceàrr. Cluicheadair B - tog cairt agus leugh e a-mach. Cluicheadair A - litrich am facal. Ma tha thu ceart cur X/O anns a’ chlàr. Ceangail trì gus buannachadh.